

O Teannaibh Dlùth

O teannaibh dlùth is togaibh fonn
Mo chridhe trom air m' aineol
'S mi fad' o eilean nan damh donn
'S bho thìr nan gleann 's nan gallan.

O beir an t-soraidh seo nis bhuam
Thar chuan is chruach is bheannaibh
A dh' ionnsaigh Muile nam beann fuar -
O eilean uain' a' bharraich.

Och a Rìgh, nach mi bha thall
An tìr nan gleann `s nam bealach
Tìr nan craobh, `s i tìr mo ghaoil
Nan lagan fraoich `s an raineach.

O siud na glinn 's am faighte 'n aoigh
Gach roinn chum taobh na mara
Tha luchd mo ghaoil an-diugh fa sgaoil
'S nan àite caoraich Shasann

`S tha 'n-diugh an taigh gun sgrath gun chruib
Gun chloich os cionn na stairsnich
Tha lac-an-teinntean air fàs fuar
Le còinneach ruadh tighinn thairis.

Gur truagh a' Ghàidhlig bhith na càs
On dh' fhalbh na Gàidheil a bh' againn;
A ghineil òig tha tighinn nan àit'
O togaibh suas a bratach

Fàgail Lios Mòr

Deòir air mo shùil chaidh m' aighear air chùl
lùbhrach air ghleus gam ghiùlain thar sàil
On a tha mi gad fhàgail Eilean mo chridh'
Sòlas is sìth ort `s àgh.

*Muile nam fuar-bheann, Morbhairn an àigh
Apainn na grèine `s Latharn mo ghràidh
`S an t-eilean beag uain' an caidreabh a' chuain —
Eilean dhan tug mi bàidh.*

Cadal no dùsgadh cluinnidh mi uam
A' bhanarach òg ri luinneig mun chrò
San ùr-mhadainn Chèit `s an smeòrach air ghèig
A' gleusadh a piob gu ceòl.

Sìoda is sròl chan iarrainn rim dheòin
No seudan is stòr no leabaidh-chloimh àrd
B' e m'aighearachd bhuan an àirigh bheag uain'
Is cadal gu suain air làr.

Soraidh le coilltean soraidh le tràigh
Is soraidh le àilleachd soraidh le bàigh
On a tha mi gad fhàgail Eilean mo chridh'
Sòlas is sìth ort 's àgh.

Puirt-a-beul

Tha na teudan fada caol
Aig mo ghaols' air an fhidhill
Tha na teudan fada caol
Aig mo ghaol-sa Dòmhnall (x 2)

Mo ghaol am fear a chluicheadh i
Mo luaidh am fear a chluicheadh i
Mo ghaol am fear a chluicheadh i
'S e nochd a' dol a sheòladh (x 2)

Nighean ruadh dhàn aig Dòmhnall Ruadh Pìobair'
Rachadh i a bhàl nam faigheadh i fìdhleir
Nighean ruadh dhàn aig Dòmhnall Ruadh Pìobair'
Dhèanadh i sìth na faigheadh i dràm. (x 2)

Dhèanadh i càirdeadh, dhèanadh i cìreadh
Rachadh i a bhàl nam faigheadh i fìdhleir
Dhèanadh i càirdeadh, dhèanadh i cìreadh
Dhèanadh i sìth nam faigheadh i dràm. (x 2)

Geala bhodaich sa bheinn duibh
Geala bhodaich a's a' bheinn
Geala bhodaich sa bheinn duibh
Bodaich dhubha bh' anns a' bheinn. (x 2)

Bodaich dhubha dhubha dhubha
Bodaich dhubha bh' anns a' bheinn (x 3)
Geala bhodaich ghearra dhubha
Bodaich dhubha bh' anns a' bheinn.

Gur mise bha gu h-aigeannach ri pasgadh a cuid bhreidean
'N uair chuala mi an eachdraidh aig a' Chairtean 'se ga leughadh.
O'n dh'fhàg thu mi 's mulad orm.

'S mise tha gu cràireach a' falbh air Sràid Jamaica,
'S mi smaoininn thu bhith càirte fo na fadan 'snach éirich.
O'n dh'fhàg thu mi 's mulad orm.

Norman Murray (Tarnod Mhurchaidh 'ie Choinnich) Upper Bayle.

**Janet Montgomery (Seonaid Alasdair), aged 17 years, one of two girls from Sheshader drowned in River Creed, as it enters Loch a' Chlachain, August 1st, 1870.*

The song was composed by Norman Murray while serving as a ship's carpenter. He returned to Lewis after hearing of his sweetheart's tragic death and visited Janet's mother, to whom he gave the song. He made another voyage, during which he took ill and died. He was buried at sea.

Balaich an iasgaich

d d d m r d d d d l, l, s
f f f m r m s s s l s
l s s s f m f s l s f
m s f m r d d

Seisid

Faite gu fearann air balaich an iasgaich
Iomradh, is farruing is gearradh a' bhàrthaich;
Coma leam leabaidh no cadal no biadh
Gu faigh mi mo lion an òrdugh.

Tha 'n gearmhradh cho fada 's an gailionn cho cruaidh,
Droch shìde le cabhadh, clach-mheallain is fuachd,
Cha mhór tha chur-seachad aig balaich 'an Ruaidh
Ach céilidh is tualadh eòrna.

Thig an Fhéill Phàrruig mu 'n pàigh sinn na faeahan
Ri dorghach nam biorach air shos an Taobh Sair;
Tha prìs air an lagann an Sasunn am bliadhna
'S gheibh mi mo lion an òrdugh.

Bidh riastladh is màladh air samh agus cliabh,
Gun iarach no tàmh eadar àiteach is lìon;
Thug Callean a lamp dhomh na 'n paigheadh an t-iasg
Gu faodaim Cairstiona phòsadh.

'Si leabaidh as fheàrr leam na gàbhadh nan tonn;
Tha plaid mo mhàthar 's mo làmh fo mo cheann
Na's fheàrr na bhith lapadh ri fàsadh nan crann
Ag èisdeachd ri srann nan ròpan.

Sud agaidh na balaich nach gearrain air cruadal
Sint' air a' bhallaist gun pheallaig m'an uachdar,
Còignear no seisear 's an lethcheann air chuasaig,
Ulpagan cruaidhe Cheòsain.

'Nuair thig sinn á Gallaidh 's a thogar am bàrr,
Bheir bùth Sheumais Chalum dhunn preasain air dhàil;
Bidh dùil 'am bhò Chaillean ri feannag no dhà,
'S bheir m'athair a' phàirc is bó dhunn.

Nam faighinn Cairstiona chan iarrainn a chaoidh
Ach bothan beag riabhach is sìoman m'a dhrum
Sabhal is bathach is stàbhag bó-laigh,
Gearran beag donn is òisgean.

*Donald Morrison (Dòmhnall 'an Moiriasdan) Bragar and Duluth.
Died Duluth, 1951.*

Oran do Iain Breac MacLeòid

An Clàrsair Dall




1. Their mi hò ro gheala beag
'S na hò ro chalan hì,
Their mi hò ro gheala beag
'S na hò ro chalan hì;
Chalan hì ho hù ro bhò
'S na hò ro chalan hì -
Gur fada bho na tràthan sin
Nach robh mo ghràdh san tìr.

2. Tha mòran, mòran mulaid
An dèidh tuineachadh am chom:
Gur bliadhna leam gach seachdain
O nach fhacas Iain donn;
Nan cluinninn, ged nach fhaicinn,
Fear do phearsa thigh'nn don fhonn,
Gu sgaoileadh mo bhròn 's m' aairsneal
Mar shneachd òg ro aiteamh trom.

3. Beul macanta ciùin ràbhartach
Nuair thàrladh tu 's taigh-òsd',
A dh'fhàs gu seirceil, suairce,
Gaoil nam ban 's nan gruagach òg;
'S iomadh maighdeann cheutach
A bha dèidheil air do phòig,
Lem b' ait bhith cunntadh sprèidhe dhut,
'S a deas-làmh fèin le deòin.

4. 'S e Tormod òg mo shubhachas
Air bhuidheachas Shìol Leòid:
Mas mac an àit' an athar thu,
Thig fhathast gu bhith mòr
Anns an Dùn gu flathail
'N robh do chinneadh roimhe beò,
Mac ratha dhùisgeas èibhneas domh -
Le aighear thrèig mi bròn.



Mo Chailin Dileas Donn

Guma slàn a chì mi, mo chailin dileas donn
Bean a' chuailein rèidh air an deise dh' èireadh fonn
'S i cainnt do bheòil bu bhinne leam an uair bhiodh m' inntinn trom
'S tu thogadh suas mo chridhe-sa nuair bhiodh tu briodal rium.

Gur muladach a tha mi 's mi nochd air bhàrr a' chuain
'S neo-shunndach mo chadal dhomh 's do chaidreamh fada bhuam
Gur tric mi ort a' smaoineachadh, às d' aogais tha mi truagh
Is mura dèan mi d' fhaotainn, cha bhi mo shaoghal buan.

Sùil chorrach mar an dearcaig fon rosg a dh' iathas dlùth
'S gruaidhean mar an caorann fon aodann tha leam ciùin
Mura d' aithris iad na breugan gun tug mi fhìn dhut rùn
'S gur bliadhna leam gach latha bhon uair a dh' fhàg mi thu.

Tacan mus do sheòl sinn is ann a thòisich càch
Ri innse dha mo chruinneig-sa nach tillinn-sa gu bràth;
Na cuireadh siud ort gruaimean, a luaidh, ma bhios mi slàn,
Cha chum dad idir bhuat mi ach saighead cruaidh a' bhàis.

Tha an snàim a-nise ceangailte gu daingeann is gu teann
'S e their luchd na fanaid rium nach eil mo phrothaid ann
Am fear aig a bheil fortan tha crois aige na cheann
'S tha mise taingeil, toilichte ged tha mo sporan gann.

Na facail le Eachann MacCoinnich, Loch a' Bhraoin

Beir Soraidh Soraidh Bhuam

Beir soraidh soraidh bhuam

Na e hò hao o hò

Gu srath m' eòlais

***Na hì rì rì rì ohò
O hì ò 's a bhò ro hò
E hò hao o hò***

Dh' ionnsaigh na leitir bhig
Bharraich bhòidhich.
Fàsaidh fochann ann,
Coirc' is eòrna;
Fàsaidh peasair ann,
Fàsaidh pònair.

'S binn guth na cuthaig ann,
'S binn guth smeòraich;
'S binn guth na banchaig,
'S meanbh chrodh òg roimhp';
'S binn guth a' bhuachaill
A' cuallach bhò ann.

Chì mi am bàta
Falbh gu siùbhlach
'S i a' dol timcheall
Rubha an Dùnain;
'Se mo leannan-sa
Tha ga stiùireadh;
Deas làimh cheanglas
'M ball 's ga lùbadh.

Tha mo Bhreacan Fliuch fon Dìle

*Tha mo bhreacan fliuch fon dìle
Chan fhaod mi innse mar tha e
Tha mo bhreacan fliuch fon dìle*

Tha mo bhreacan gu fliuch fuaraidh
Chan fhaod mi chur suas a-màireach

Tha mo bhreacan air a mhilleadh
Aig na gillean anns a' bhàta

`S mi a-màireach a' dol a sheòladh
Chan ann air m' eòlas a tha mi

Dol a dh' eilean nan eun fhiadhaich
Cha robh duine riamh a' tàmh ann

Dol a dh' eilean nan eun dubha
Cha bhi mi subhach no slàn ann

Beir mo shoraidh do Ghleann Urchaidh
Far an robh mi òg air m' àrach

Soraidh eile do Ghleann Urchainn
Far 'eil na tulmanan àlainn

`S far am bi a' ghruagach bhòidheach
`G iomachd nam bò chun na h-àirigh

Far am bi na fèidh san fhirich
Bric san linne, fir gan tàbhach

`S tha mo chàirdean ann an gruaim leam
Bhon a fhuair mi 'n còta sgàrlaid

On latha fhuair mi 'n t-fhèileadh cuachach
Claidheamh is crios-guaille sàirdeant